

## Ceumannan – cùrsa ùr do luchd-ionnsachaidh san àrd-sgoil

### Amasan:

- A' toirt sùil air na ciad stuthan ann an sreath Cheumannan – leabhar, notaichean-tidseir agus stuthan air-loidhne le cothrom a dhol an sàs ann an Coimhearsnachd, Comic Life agus avatars air làrach Cheumannan
- Sùil air structair agus cuid de stuthan Cheumannan 2
- Obair buidhne air ceanglaichean ri Curraicealam airson Sàr-mhathais agus air pròiseactan leudachaidh a bhiodh freagarrach airson Ceumannan 2
- Cothrom beachdan a thoirt seachad air na h-ath Cheumannan san t-sreath – structair agus subsaint

### Luchd-libhrigidh:

**Emma Burrows**, Sgrìobhaiche Ceumannan 1 agus Ceumannan 2  
**Shona NicCarraig**, Oifigear Leasachaidh Gàidhlig san Àrd-sgoil, Stòrlann

### Geàrr-chunntas:

#### Seisean 1

##### Ceumannan 1

Sa chiad phàirt den t-seisean seo bhruidhinn sinn mu Cheumannan 1 agus mar a bha tidsearan ga chur gu feum sna sgoiltean. Bha na tidsearan a' toirt seachad beachd air Ceumannan 1, mar a bhathar ga chleachdadh, cò dha a bha e feumail agus mar a bha e a' còrdadh ri clasaichean. Tha tidsearan gu h-àraid a' dèanamh sogan ri na pìosan cultair aig ceann gach aonaid. Tha feadhainn ga chleachdadh cuideachd leis an dara bliadhna nuair a tha iad ag obair air an uair agus mar sin air adhart.

Sheall sinn cuideachd air làrach Cheumannan agus mar a dh'fhaodar a chur gu feum, a' mìneachadh gu sònraichte Oisean an Tidseir agus Coimhearsnachd (nach eil beò fhathast) agus mar a dh'obraicheas seo sa chlas.

Tha duilgheadasan teicneagachd air a bhith aig cuid de sgoiltean le làrach Cheumannan. Mhol sinn Oisean an Tidseir, am bogsa \*additional information aig ceann na duilleige a bheir barrachd fiosrachaidh do thidsearan mun dòigh as fheàrr airson an teicneòlas a chur gu feum.

##### Ceumannan 2



Airson diofar adhbharan, tha Stòrlann an-dràsta a' beachdachadh air dà leabhar a dhèanamh de Cheumannan 2. Mar sin, bhiodh Ceumannan 2 agus 3 a' nochdadh aig an aon àm agus bheireadh seo luchd-ionnsachaidh gu ceann Ìre 3. Shaoil na tidsearan gur e deagh bheachd a bha seo agus bhiodh trì leabhraichean air leth a' toirt air sgoilearan faireachdainn gun robh iad dha-rìribh a' dèanamh adhartas tron chùrsa.

##### Ceumannan 3 agus 4 (no Ceumannan 4 agus 5)

Bhiodh iad seo gan toirt suas gu AS5/6 agus bha tidsearan air leth toilichte gum biodh cùrsa cànan ann do luchd-ionnsachaidh aig ceann shuas na sgoile cuideachd. Chaidh deasbad a chumail air na duilgheadasan a th' againn an-dràsta a bhith a' cruthachadh stuth gun fhios dè an cruth a bhios air cùrsaichean agus deuchainnean, ach chaidh aontachadh gum biodh stuth taic cànan feumail co-dhiù.

##### Pròiseactan CaSM

Chaidh cothrom a thoirt do thidsearan cur ri leasachaidhean Stòrlann tro bhith a' beachdachadh air pròiseactan soirbheachail a dh'fheuch iad fhèin agus cuideachd a bhith a' moladh pròiseactan ùra a bhiodh air na puingean cànan ann an Ceumannan 2/3.



Seo cuid de na molaidhean a fhuair sinn:

- Buidhnean iomain a stèidheachadh do ghillean agus do nigheanan far nach eil a leithid mar-thà. Fallain, culatarach agus feumail airson leasachaidhean a dhèanamh air sgilean sòisealta (Àrd-sgoil Phort Rìgh)
- Cinnidhean agus Caistealan – tartain, suaicheantais, cinnidhean, fearann, ceanglaichean, sloinneadh S1 (Àrd-sgoil Àird nam Murchan)
- Leasanan Gàidhlig do thidsearan le sgoilearan (Teach the teacher). Tidsearan nas deònaiche a bhith a' togail beagan Gàidhlig ma tha na sgoilearan ga toirt dhaibh, mar as trice ann an suidheachadh neo-fhoirmeil – leabhran beag a chruthachadh le abairtean feumail – Feasgar math! Am faod mi a dhol dhan taigh-bheag?... (Sgoil a' Bhac)
- Turas timcheall a' bhaile as t-samhradh a' bruidhinn Gàidhlig ri luchd-turais. Duilleagan taice snasail a chruthachadh dhaibh ro làimh. Dh'fhaodadh na Nuadh-chànanan a dhol an sàs an seo cuideachd. (Àrd-sgoil a' Phluic)
- A' tadhal air sgoil-àraich agus a' còmhradh, a' seinn agus a' cluich còmhla ris an fheadhainn bheaga ann an Gàidhlig (Àrd-sgoil an Òbain)

An cois seo, tha structaran cànanain ann do Cheumannan 2, 3,4 agus 5 – a' gearradh Ceumannan 2 na dhà leth – Modalan 1–3 Ceumannan 2 agus Modalan 4-6 Ceumannan 3. Ma tha beachdan aig duine sam bith agaibh orra, leigibh fios gu [shonacormack@storlann.co.uk](mailto:shonacormack@storlann.co.uk) no [emmachristie@storlann.co.uk](mailto:emmachristie@storlann.co.uk).

## Seisean 2

'S e seisean practaigeach a bha seo far an do choisinn sinn air làrach Cheumannan agus na goireasan feumail a bha rim faighinn an sin.

## Coimhearsnachd

Chuir sinn seachad beagan ùine a' coimhead air cruth Coimhearsnachd (nach eil deiseil fhathast) agus na bhiodh air eadar cothroman còmhraidh, blogs agus duilleagan pearsanta aig gach sgoilear tro GLOW. Nochdaidh barrachd fiosrachaidh mun seo a dh'aithghearr.

## Comic Life

Thug sinn sùil air bathar bog Comic Life (barrachd fiosrachaidh air [www.storlann.co.uk/ceumannan/oisean-an-tidseir](http://www.storlann.co.uk/ceumannan/oisean-an-tidseir)) agus na ghabhas a dhèanamh leis. Chruthaich gach tidsear dealbh-eibhinn dhaibh fhèin. Gheibhear gach sgoil laidhseans Comic Life an asgaidh aig [oifis@storlann.co.uk](mailto:oifis@storlann.co.uk). Tha e furasta a làimhseachadh agus bhiodh e air leth feumail an dà chuid ann an clasaichean luchd-ionnsachaidh agus fileanta, far an toir e cothrom do sgoilearan na sgilean ICT aca a chur gu feum. Tha eisimpleirean de dhealbhan a chaidh a chruthachadh an cois seo.

## Sitepal

Bha tòrr spòrs againn a' cruthachadh avatars agus a-rithist bhiodh seo na ghoireas air leth feumail ann an clasaichean luchd-ionnsachaidh agus fileanta, gu h-àraid airson cothrom eile a thoirt do sgoilearan a bhith an lùib ICT agus a bhith a' cluich le cànan. Gheibhear cothrom an stuth fheuchainn an asgaidh air [www.sitepal.com/packages](http://www.sitepal.com/packages) (feuch Platinum), agus ged nach urrainn do Stòrlann laidhseans Sitepal a cheannach do gach sgoil, 's dòcha gum biodh ùidh aig sgoiltean a leithid a cheannach dhaibh fhèin. Bhiodh an goireas feumail ann an tòrr dhiofar chlasaichean air feadh na sgoile, gu h-àraid ann an clasaichean cànanain oir feumar cnuasachadh air fuaimneachadh nam facal airson comas labhairt a thoirt dhan avatar agus chan fhàs na sgoilearan sgìth de bhith a' cluich leotha. Bidh cothrom aig sgoilearan barrachd a dhèanamh leis na h-avatars nuair a thig Coimhearsnachd gu buil air làrach Cheumannan. Gabhaidh na h-avatars fhoillseachadh ann am puist-d, Powerpoint agus air an duilleig pearsanta a bhios aig na sgoilearan tro GLOW. Tha eisimpleir de dh'avatar air duilleag-dachaigh Cheumannan far a bheil lain a' cur fàilte air a h-uile duine chun a' chùrsa ùir ach tha e fada nas tlachdmhoire fear ùr a chruthachadh dhuibh fhèin!

